



POILEASaidh DÌON CHOMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

CÒD BUIDHNE CLÀRAICHTE – COM1281618

Tha am poileasaidh seo a' beantainn ris an luchd-obrach uile, a' gabhail a-steach àrd-mhanaidsearan agus am bòrd urrasairean, luchd-obrach le tuarastal, saor-thoilich, luchd-obrach seiseanail agus oileanaich, no neach sam bith a tha ag obair às leth Comhairle nan Leabhraichean.

Is e cuspair a' phoileasaidh:

- clann agus daoine òga a tha a' faotainn seirbheisean Chomhairle nan Leabhraichean, a dhìon. Tha seo a' gabhail a-steach clann inbhich a tha a' cleachdadh ar seirbheisean.
- luchd-obrach agus saor-thoilich a sholarachadh leis na prionnsapalan ioma-chuimseach a tha a' stiùireadh ar modh-obrach a thaobh dìon.

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' creidsinn nach bu chòir do phàiste no neach òg droch dhiol de sheòrsa sam bith fhulang aig àm sam bith. Tha dleastanas oirnn sochair chloinne is dhaoine òga uile adhartachadh airson an cumail sàbhailte. Tha sinn an geall obrachadh ann an dòigh a tha gan dìon.

FRÈAM LAGHAIL

Tha am poileasaidh seo air a tharraing ri chèile air bunait lagha agus stiùireadh a tha a' sireadh ri clann a dhìon, 's e sin:

- Achd na Cloinne 1989
- Cùmhnant Aonaichte Chòraichean Chloinne 1991
- Achd Dìon Dàta 1998
- Achd Eucoirean Gnèitheasach 2003
- Achd na Cloinne 2004
- Achd Dìon Saorsa 2012
- Stiùireadh buntainneach an riaghaltais air dìon chloinne.

THA SINN A' TUIGSINN GU BHEIL:

- sochair chloinne cudromach os cionn gach nì eile, mar a tha e glèidhte ann an Achd na Cloinne 1989.
- còir aig clann uile air dìon co-ionann bho gach seòrsa cron no droch dhìol, a dh'aindeoin aois, ciorram, gnè, dualchas cinnidheil, creideamh, aomadh gnèitheasach no dearbh-aithne.
- cuid de chlann a tha gu h-àraid so-leònte mar thoradh air buaidh eòlasan roimhe, an ìre eisimeileachd, feumalachdan conaltraidh no eile.
- a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le clann, daoine òga, am pàrantan, luchd-cùraim agus buidhnean eile, deatamach ann an adhartachadh sochair dhaoine òga.

BIDH SINN A' SIREADH RI CLANN IS DAOINE ÒGA A CHUMAIL SÀBHAILTE, LE BHITH:

- cur luach orra, ag èisteachd riutha agus toirt spèis dhaibh.
- gabhail ri cleachdaidhean dìon chloinne tro mhodhan-obrach agus còd giùlain do luchd-obrach is saor-thoilich.
- leasachadh is buileachadh poileasaidh e-sàbhailteachd èifeachdach agus modhan-obrach co-cheangailte ris.
- solarachadh stiùireadh èifeachdach air luchd-obrach is saor-thoilich tro aireachas, taic agus trèanadh.
- fastadh luchd-obrach is saor-thoilich gu sàbhailte, a' dèanamh cinnteach gu bheil gach sgrùdadh riatanach dèante.
- roinn fiosrachadh mu dhìon chloinne agus deagh chleachdadh le clann, pàrantan, luchd-obrach is saor-thoilich.
- roinn dhraghan le buidhnean aig a bheil feum air fios, agus toirt pàrantan is clann na lùib ann an dòigh iomchaidh.

THA SINN AN GEALL AIR AR POILEASaidh AGUS AR DEAGH CHLEACHDADH ATH-SGRÙDADH GACH BLIADHNA.

Chaidh am poileasaidh seo ath-sgrùdadh mu dheireadh air: 17 Màrt 2017

Ainm-sgrìobhte: 

Rosemary Ward

Dreuchd: Ceannard / Director